

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmair na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis air Diardaoin 1 Sultain 2022 aig 10.30m.

An làthair:

Mgr C Aitken (air astar)
Mgr R Bremner (air astar)
Mgr I MacIlleDhuinn
A' Bh-uas S Fanet
Mgr J Grafton

Mgr U MacAoidh (air astar)
Mgr D Mac a' Mhuilleir (air astar)
Mgr C Rothach
A' Bh-uas L Niven (air astar)
A' Bh-uas M Nolan

A' frithealadh na coinneimh:

A' Bh-uas K Lackie, Àrd-Oifigear Gnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas
A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig
A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
A' Bh-uas S NicIlleDhuinn, Prìomh Rianaire
A' Bh-uas F NicBheathain, Rianaire Comataidh

Cuideachd a' frithealadh na coinneimh:-

Mgr S Whannel, Stiùiriche an Fhoghlaim, Bòrd na Gàidhlig (air astar)

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr C Rothach anns a' Chathair

Gnothach

1. Leisgeulan

Ghabhadh leisgeulan às leth Mhgr P Logue agus Mhgr R Stiùbhairt.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt

Cha robh foillseachaidhean com-pàirt sam bith ann.

3. Naidheachdan Matha

Thug an Cathraiche seachad na naidheachdan matha a leanas:-

- Moladh airson Sgoil-àraich san Eilean Sgitheanach

- Bha Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh air Farpais Ball-coise Nàiseanta nam Bun-sgoiltean (Cuach na Cloinne) a bhuannachadh
- Duais Òir Fastadh Chànanan na h-Alba do Bhun-Sgoil Ghlinn Urchadain
- Latha Cànan is Cultar na Gàidhlig ann an Geàrrloch
- Fèis Blas
- Spòrs samhraidh san Sgìre a Tuath le cleasan Gàidhlig
- Seachdain Sgeama-cluiche Gàidhlig an t-Samhraidh aig Stramash anns a' Ghearasdan
- Bùth-obrach Dràma Gàidhlig ann an Inbhir Narann
- Sgoilearan às a' Ghàidhealtachd aig Seachdain Dhùn Èideann 2022
- Campa Ball-coise Gàidhlig soirbheachail san Eilean Sgitheanach
- Trèanadh ann an Cànan is Cultar na Gàidhlig do Bhuill Thaghte

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** do na Naidheachdan Matha.

4. Suidheachadh Dhreuchdan

(a) An Comunn Gàidhealach

Tha Cùmhnant Lìbhrigeadh Seirbheis aig a' Chomhairle leis a' Chomunn Ghàidhealach agus tha seo a' ciallachadh gun tèid am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail ann an sgìre na Gàidhealtachd ann an 2025.

Ri linn seo, tha an Cùmhnant Lìbhrigeadh Seirbheis a' gabhail a-steach an clàs a leanas a thaobh riochdachadh – tha e mar riatanas air an t-Solaraiche Seirbheis cead a thoirt do riochdaire taghte bhon Cheannaiche suidhe air Bòrd de bhuidheann an t-Solaraiche Seirbheis agus làn chom-pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean agus co-dhùnaidhean a' buntainn ri Mòdan Nàiseanta Rìoghail a bhith a' gabhail àite sa Ghàidhealtachd, na clàran-gnothaich, pàipearan, aithisgean agus geàrr-chunntasan buntainneach uile a thoirt dhan riochdaire taghte, cuireadh a thoirt dhan riochdaire taghte a bhith an làthair agus com-pàirt a ghabhail ann an ath-sgrùdaidhean, luachaidhean no measaidhean eile air an stiùireadh leis a' Bhòrd, agus cuireadh a thoirt dhan riochdaire taghte suidhe air na Comataidhean Eagrachaidh Nàiseanta agus Ionadail.

DH'AONTAICH a' Chomataidh gun deidheadh a' Bh-uas I Chaimbeul a chur an dreuchd mar riochdaire air a' Chomunn Ghàidhealach.

(b) Bòrd nan Urrasairean airson Urras Catriona NicCuaig

Chaidh Bòrd nan Urrasairean airson Urras Catriona NicCuaig a stèidheachadh gus bursaraidhean a thoirt seachad do dh'oileanaich às a' Ghàidhealtachd, Earra-Ghàidheal is Bòd agus na h-Eileanan Siar gus an cuideachadh a' dol dhan oilthigh.

DH'AONTAICH a' Chomataidh gun deidheadh Mgr C Rothach a chur an dreuchd mar riochdaire air Bòrd nan Urrasairean airson Urras Catriona NicCuaig.

5. Taisbeanadh – Bòrd na Gàidhlig

Thug Mgr Jim Whannel, Stiùiriche an Fhoghlaim aig Bòrd na Gàidhlig, seachad taisbeanadh mun ath Phlana Nàiseanta Gàidhlig, le fiosrachadh mu raointean-ama is

pròiseasan, cùisean a' buntainn ri buidseatan nàiseanta is maoineachadh, goireasan ionnsachaidh agus iomairtean, agus cleachdadh.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- chaidh fiosrachadh iarraidh agus a thoirt seachad mu Stòrlann, goireas nàiseanta airson Foghlam tron Ghàidhlig;
- bha Bòrd na Gàidhlig ag obair gu dlùth le Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid gus dèiligeadh ri dùbhlain a thaobh a bhith a' fastadh thidsearan, gu h-àraid ann an sgìrean iomallach agus dùthchail. Thog Buill cho cudromach 's a bha e fuasglaidhean cruthachail a lorg a thaobh fastadh, mar eisimpleir a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le seirbheisean agus/no buidhnean eile gus càraidean fhasadh airson cuideachadh le dùbhlain taigheadais is còmhhdhalach;
- chaidh fàilte a chur air fòcas air a' Ghàidhlig san dachaigh agus san àite-obrach agus bu chòir dhan a seo leantainn air adhart gu Plana na Gàidhlig 4 (PnG4) aig a' Chomhairle. Bhathar an dòchas gun deidheadh fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh sa Chunntas-shluaigh mu dheireadh a thoirt an lùib obair-leasachaidh air Plana Nàiseanta Gàidhlig 2023-28. Chaidh mìneachadh gun robh raointean-ama airson fiosrachadh mun Chunntas-shluaigh a' ciallachadh nach biodh seo a' freagairt air clàr-ama a' Phlana Nàiseanta ùir, ach gur e sgrìobhainn sùbailte a bh' ann agus gum b' urrainnear aire a thoirt do dh'fhiosrachadh ùr a thigeadh am bàrr tro na còig bliadhna a mhaireadh e;
- bhathar an dòchas gun robh còmhraidhean nàiseanta a' dol air adhart mun bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig dùbhlain eaconamach làithreach air a' Ghàidhlig. Chaidh aire a tharraing chun an raoin fharsaing cho-chomhairlean dhan bheil Bòrd na Gàidhlig air freagairt; agus
- bu chòir dha a bhith na phrìomh amas aig Bòrd na Gàidhlig luchd-labhairt fileanta Gàidhlig a chruthachadh, a' gabhail a-steach feadhainn bho dhachaighean anns nach robh Gàidhlig gu traidiseanta, gus dèanamh cinnteach gum bithear a' cleachdadh na Gàidhlig tro fhoghlam agus a-steach dhan àite-obrach agus do choimhearsnachdan.

Às dèidh taing a thoirt do Mhgr Whannel, **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan taisbeanadh.

6. Adhartas mu Choinneamh Plana na Gàidhlig 3

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/6/22 le ceann-latha 23 Lùnastal 2022 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, chaidh na puingeann a leanas a thogail:-

- chaidh fàilte a chur air na h-eadar-theangachaidhean Beurla a bha air an taisbeanadh air an sgrìon fhad 's a bhathar a' bruidhinn na Gàidhlig;
- chaidh luaidh a dhèanamh air diofar thosgairnean na Gàidhlig, gu h-àraid ann an sgoiltean, agus iad a' sealltainn nan toraidhean matha a bha a' tighinn às na bhathar a' tasgadh anns a' Ghàidhlig, agus chaidh seo a thogail anns na Naidheachdan Matha;
- chaidh fiosrachadh iarraidh, agus a thoirt seachad, mun obair a bhathar a' dèanamh gus cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd a chomharrachadh is a bhrosnachadh;

- chaidh fàilte a chur air oideachadh Gàidhlig air-loidhne agus chaidh barantas a shireadh nach robh cion ceangal eadar-lìn a' cur bacadh air buidhnean sam bith bho bhith a' faighinn cothrom air na cùrsaichean;
- chaidh cuideam a chur air cho cudromach 's a bha e cleasan Gàidhlig a thoirt seachad taobh a-muigh na sgoile, agus a bhith a' toirt seachad grunn sheòrsachan is ìrean de chothroman ionnsachaidh; agus
- chaidh barantas a shireadh, agus a thoirt seachad, gun robhar a' brosnachadh Gàidhlig ann an dachannan-cùraim, a' toirt fa-near gun robh luach an lùib seo do dhaoine nas sine a bha a' bruidhinn Gàidhlig. Chaidh eisimpleirean a thoirt seachad de dh'iomairtean a bha a' dol air adhart agus a bhathar a' cur air dòigh mar phàirt de Ghàidhlig anns a' choimhearsnachd.

THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-

- i. dhan adhartas a chaidh a dhèanamh ann a bhith a' sgrùdadh is a' buileachadh Plana na Gàidhlig 3 air stèidh ràitheil, le bhith a' cleachdadh PRMS airson taic a thoirt do lìbhrigeadh PnG3; agus
- ii. dhan adhartas is dha na dùbhlain a tha an lùib a bhith a' buileachadh cuid de ghnìomhan comasachaidh a' Phlana.

7. Cunntas às Ùr air Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus Foghlam tron Ghàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/7/22 le ceann-latha 17 Lùnastal 2022 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, chaidh na puingean a leanas a thogail:-

- chaidh fàilte a chur air an aithisg adhartais;
 - chaidh turas gu Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis a mholadh agus chaidh aontachadh gum b' urrainnear seo a chur air dòigh;
- bha e na bhriseadh-dùil nach robh barrachd adhartais ga dhèanamh gus campas Foghlam tron Ghàidhlig 3-18 ann an Inbhir Nis a leasachadh;
- chaidh cuideam a chur air buannachdan dà-chànanais, a' gabhail a-steach litearras agus co-fhaireachdainn nas fheàrr, agus bha e cuideachd cudromach gun deidheadh eòlas mun Ghàidhlig a thabhann ann am bun-sgoiltean uile.
- chaidh iomradh a thoirt air modail cànanain 2+1 Riaghaltas na h-Alba airson sgoiltean; agus
- bhathar ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig gus fuasglaidhean cruthachail a lorg do na dùbhlain a bh' ann a thaobh a bhith a' fastadh thidsearan.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG a' Chomataidh FA-NEAR** do shusbaint a' phàipeir agus thugadh cuideachd fa-near gu bheil leasachadh cudromach an dà chuid ann am buileachadh agus anns na h-àireamhan a tha a' dol air adhart airson deuchainnean Gàidhlig Luchd-fileanta agus Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh ann an ÀS4, ÀS5 agus ÀS6;
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh meal an naidheachd a chur gu foirmeil air na daoine òga, an teaghlaichean agus luchd-obrach na sgoile airson leasachadh cho mòr ann am buileachadh agus anns na h-àireamhan a bha a' dol air

adhart airson deuchainnean Gàidhlig Luchd-fìleanta SQA sa Ghàidhealtachd san Lùnastal 2022;

- iii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** gun deidheadh aithisg a thoirt gu Comataidh na Gàidhlig mu adhartas air sgrùdadh comasachd 3-18; agus
- iv. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun deidheadh coimhead air turas a chur air dòigh do Bhuill gu Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis.

8. Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/8/22 le ceann-latha 19 Lùnastal 2022 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. gun deach sùim iomlan de £101,675 fhaotainn mu choinneamh nan tagraidhean a chaidh a chur a-steach gu BnaG;
- ii. do na pròiseactan GLAIF a tha Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a' stiùireadh agus anns a bheilear a' gabhail com-pàirt; agus
- iii. gun robhar fhathast a' feitheamh co-dhùnadh bho Bhòrd na Gàidhlig mu aon iarrtas.

9. Tilleadh Bliadhnail Bhòrd na Gàidhlig – Plana na Gàidhlig 3

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/9/22 le ceann-latha 22 Lùnastal 2022 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Tron deasbaireachd, chaidh a thoirt am follais gun robh cuid de na figearan a chaidh aithris bho 2015 a-nis ro aosta agus bhathar dhen bheachd gun robh atharrachadh susbainteach ann an seallaidhean a thaobh na Gàidhlig. Chaidh aire a tharraing gu planaichean airson co-chomhairle a bhiodh a' buntainn gu sònraichte ris a' Ghàidhlig air thoiseach air Plana Gàidhlig 4 na Comhairle.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan tilleadh bhliadhnail.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 12.20 f.